

Stiùireadh Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig 2021/22

Gaelic Early Years Grants 2021/22 Funding Guidelines

Mu dheidhinn na Maoine

Tha sgeama Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig ri fhaighinn airson taic a thoirt do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig gus seiseanan tro mheadhan na Gàidhlig a ruith do chlann aig aois 0-3. Tha an sgeama a' cur taic ri amasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig ri linn cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh agus foghlam nan tràth-bhliadhnaichean.

Tha a' mhaoin ann air sgàth taic Riaghaltas na h-Alba tro thabhartas CYPEIF is ALEC a fhuaras tro Chomann nam Pàrant.

Mu dheidhinn Bòrd na Gàidhlig

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil (BPNR) a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha dleastanas reachdail air gus cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart agus piseach a thoirt air cor a' chànain air feadh na h-Alba.

Mu dheidhinn Comann nam Pàrant

'S e buidheann nàiseanta a th' ann an Comann nam Pàrant a bhios ag obair às leth phàrantan aig a bheil clann ann am foghlam tron Ghàidhlig. Tha a' bhuidheann ann gus dèanamh cinnteach gum bi cothroman ann air foghlam tron Ghàidhlig agus gun tèid foghlam tron Ghàidhlig a chumail suas air feadh Alba, agus bidh iad ag obair gu dlùth còmhla ri buidhnean phàrant ionadail.

About the Fund

The Gaelic Early Years Grants scheme is available to support Gaelic early years groups to provide sessions through the medium of Gaelic to children aged 0-3, supporting the objectives of the National Gaelic Language Plan with regard to use of Gaelic in the home and early years education.

The fund is made possible by the support of the Scottish Government through a CYPFEIF and ALEC Fund Grant as recieved from Comann nam Pàrant.

About Bòrd na Gàidhlig

Bòrd na Gàidhlig is a Non-Departmental Public Body that was established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. It has a legislative responsibility for promoting the use and state of the Gaelic language throughout Scotland.

About Comann nam Pàrant

Comann nam Pàrant (Nàiseanta) is a national organisation working on behalf of parents of pupils in Gaelic-medium education. It aims to ensure the availability and maintenance of Gaelic-medium education throughout Scotland, working closely with local parents' organisations.

Cò dhà a tha an sgeama seo?

Tha sgeama Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig ri fhaighinn do na buidhnean tràth-bhliadhnaichean uile a tha airson seiseanan tro mheadhan na Gàidhlig a libhrigeadh airson clann aig aois 0-5 anns a' bhliadhna-sgoile 2021/22.

Bheir an sgeama prìomhachas do bhuidhnean aig a bheil ìre charthannais, is an uair sin buidhnean saor-thoileach, is an uair sin buidhnean san roinn phoblaich no phrìobhaidich. Thathar an dùil gum bi inbhe charthannais riatanach gus taic fhaighinn tron sgeama seo san àm ri teachd, mar sin thathar a' moladh gun obraich buidhnean saor-thoileach a dh'ionnsaigh inbhe charthannais tro bhliadhna 2021/22.

Tha sgeama am bliadhna gu sònraichte ag amas air taic a chur ri bhuidhnean a tha sealltainn mar a bhios iad a' coileanadh na leanas:

- A' daingneachadh gu bheil cothrom seasmhach aig clann is teaghlaichean air solar tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig
- A' cur ris an àireamh chloinne a tha a' cumail a' dol le ionnsachadh tron Ghàidhlig aig ìrean eadar-ghluasaid
- A' cuideachadh barrachd theaghlaichean ann an Alba a bhith mothachail air na buannachdan a thig bho dhà-chànanas agus air na cothroman a gheibhear le foghlam tron Ghàidhlig
- A' cuideachadh phàrantan gus am bi eòlas nas fheàrr aca air goireasan agus air na cothroman a th' ann gus taic a chumail is conaltradh a dhèanamh ri an cuid chloinne tron Ghàidhlig san taigh agus sa choimhearsnachd

Anns an iarrtas agaibh bhitheamaid a' sùileachadh gum bi sibh a' mìneachadh ciamar a bhios am pròiseact agaibh a' freagairt orra seo, a thuilleadh air na h-amasan bunaiteach a tha air an ainmeachadh sa [Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-23](#):

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig;
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig; agus
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Who is this scheme for?

The Gaelic Early Years Grants are available to all early years groups that are looking to deliver sessions for children aged 0-5 through the medium of Gaelic in the 2021/22 school year.

The scheme will prioritise support to groups that have charitable status, followed by those that are voluntary, followed by those in the public or private sector. Future versions of this scheme are likely to require that groups supported have charitable status, and voluntary groups are recommended to work towards attaining charitable status in the course of 2021/22.

This year's scheme would specifically like to support groups that can show how they will achieve the following:

- Ensuring that children and families have sustained access to Gaelic early years provision
- Increasing the number of children continuing with Gaelic-medium learning at key transition stages
- Helping more families in Scotland become aware of the benefits of bilingualism and the opportunities offered by Gaelic-medium education
- Helping parents become better informed on resources and opportunities to support and interact with their children through Gaelic in homes and communities

In your application we expect you to expand on how your project meets these aims, as well as the core aims that are identified in the [National Gaelic Language Plan 2018-23](#):

- Increasing Gaelic usage;
- Increasing the learning of Gaelic; and
- Promoting a positive image of Gaelic

Ann a bhith a' measadh an iarrtais agaibh, bidh sinn a' coimhead air:

- Cho math agus a tha a' bhuidheann a' freagairt air prìomhachasan na maoin
- Comasan na buidhne gus seiseanan aig deagh inbhe a libhrigeadh
- Cho math agus a tha a' bhuidheann a' cumail taic ri cleachdadh, ionnsachadh is cur air adhart na Gàidhlig sa choimhearsnachd
- Soirbheachas na buidhne ann a bhith a' cur ri àireamhan frithealaidh, àireamhan a' dol air adhart gu FtG agus ann a bhith a' cur air adhart na Gàidhlig san sgìre
- Comasan na buidhne gus sùil a chumail air is measadh a dhèanamh air adhartas
- Luach an airgid ga shealltainn anns an iarrtas

Gheibhear stiùireadh-measaidh nas mionaidiche [air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig](#).

Riaghailtean

Clàr-ama

Bheir a' mhaoin taic do sheiseanan na buidhne a thèid a libhrigeadh eadar 1 Lùnastal 2021 agus 10 Iuchar 2022.

Ìrean taic-airgid

'S e £100,000 am buidseat ris a bheilear an dùil airson an sgeama seo.

Faodaidh buidhnean a tha libhrigeadh 1 seisean san t-seachdain a-mhàin suas ri **£5,000** a shireadh, ach faodaidh buidhnean a tha a' libhrigeadh barrachd na 1 seisean san t-seachdain suas ri **£15,000** a shireadh.

Thathar an dùil gum bi gach buidheann a' togail airgid bho thùsan eile (m.e. taic-airgid eile no cisean frithealaidh) agus gum bi tabhartasan bhon mhaoin seo a' cur taic suas ri 80% de chosgaisean slàna na buidhne aig a' char as fhaide.

Bu chòir do thagraichean dèanamh cinnteach nach eil pàirt sam bith eile de bhuidseat a' phròiseict a' tighinn bho sgeamaichean maoin eachaidh eile aig Bòrd na Gàidhlig.

In assessing your application, we will be looking at:

- How well the group meets the aims of the fund
- The ability of the group to deliver high-quality early years sessions
- How well the group supports the wider usage, learning and promotion of Gaelic in the community
- The success of the group in growing attendee numbers, numbers progressing to GME and promoting Gaelic in its area
- The ability of the group to monitor and assess its progress
- The value for money demonstrated by the application

Detailed assessment guidance can be found [on Bòrd na Gàidhlig's website](#).

Requirements

Timeframe

The fund will support group sessions which will take place and be fully completed between 1 August 2021 and 10 July 2022.

Funding levels

The estimated budget allocated to this fund is £100,000.

Groups that deliver only 1 session per week can apply for a maximum of **£5,000**, while groups that deliver more than 1 session per week can apply for a maximum of **£15,000**.

It is expected that each group will raise money from other sources (i.e. other funding or attendance fees) and that grants from this fund will be up to a maximum of 80% of total group costs.

Applicants must ensure that no other part of the project's budget comes from other Bòrd na Gàidhlig funding schemes.

Cuiridh a' mhaoin prìomhachas air taic a chumail ri tuarastalan stiùirichean-cluiche, màl nan seòmraichean agus cosgaisean eile an àite ma tha iarrtas nas àirde airson maoin na tha ann sa bhuidseat.

Bu chòir stiùirichean-cluiche a tha a' faighinn taic tron sgeama seo a bhith fileanta sa Ghàidhlig, agus tha sinn a' moladh gum bi buidhnean a' pàigheadh aig [Ire an Tuarastal Bith-beò Albannaich \(£9.50 san uair\)](#).

Chan fhaod an taic-airgid againn a bhith air a cosg air cuairtean, pàrtaidhean no tiodhlacan.

Feumaidh gach buidheann a gheibh taic a bhith a' leantainn lagh is stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba a thaobh sgaoilidhean a' choròna-bhiorais fad na h-ùine, agus bu chòir iarrtasan cuideachd a bhith mothachail air cuingealachaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann ri linn sgaoilidhean a' choròna-bhiorais agus a' cur an cèill mar a bhios am buidheann a' dèiligeadh ri seo.

Aithne don Taic

Airson an sgeama seo, feumaidh sibh a dhèanamh follaiseach (nuair a tha e iomchaidh) gun deach a' bhuidheann agaibh a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig is Comann nam Pàrant tron Mhaoin airson Tràth-thaic do Chloinn, Òigridh is Teaghlaichean agus Ionnsachadh do dh'Inbhich is Cumhachd do Choimhearsnachdan (MTCOT is IICC) aig Riaghaltas na h-Alba.

Aig a' char as lugha tha sinn an dùil gum bi sanasachd sam bith de na seiseanan agaibh a' toirt aithne do thaic Bòrd na Gàidhlig is Comann nam Pàrant agus gu bheil stuth clò-bhuailte no dealbhan air na meadhanan sòisealta a' cleachdadh suaicheantas nan dà bhuidheann.

Airson tuilleadh fiosrachaidh nach toir sibh sùil air an [Stiùireadh Aithneachaidh](#) is [Stiùireadh Brannd](#) air an làrach-lìn againn.

The fund will prioritise supporting costs for wages of playleaders, venue rent and venue costs in the event that the fund is oversubscribed.

All playleaders supported through this fund should be fluent Gaelic-speakers, and we encourage all groups to pay [a minimum of the Scottish Living Wage \(£9.50 per hour\)](#).

Our funding cannot be used towards the costs of trips, parties or gifts.

All groups that receive support must comply at all times with laws and guidance from the Scottish Government relating to coronavirus outbreaks, and applications should consider restrictions that may be in place due to coronavirus outbreaks and explain how the group's work will deal with such scenarios.

Acknowledgment

For this funding programme, you must acknowledge (where appropriate) that your group was funded by Bòrd na Gàidhlig and Comann nam Pàrant through the Scottish Government's CYPFEIF & ALEC (Children, Young People and Families Early Intervention Fund and Adult Learning and Empowering Communities) Fund.

As a minimum we expect that any advertisement of your sessions will acknowledge the support of Bòrd na Gàidhlig and Comann nam Pàrant, and that printed materials or social media images include the logos of both organisations.

For further information please consult our [Acknowledgement Guidance](#) and our [Brand Guidance](#) on our website.

Sgrùdadh is measadh air a' phròiseact

Bidh aig gach tagraiche soirbheachail ri sgrùdadh is measadh a dhèanamh air mar a thèid am pròiseact aca a lìbhrigeadh agus feumaidh iad fianais a thoirt seachad ann an aithisg adhartais san Dùbhlachd 2021 agus aithisg dheireannaich san Iuchar 2022.

Feumaidh sibh cuideachd fiosrachaidh a thional bho chom-pàirtichean mu na h-abairtean gu h-ìosal a tha stèidhichte air slatan-tomhais bho [Phlana Corporra Bhòrd na Gàidhlig 2018-23](#):

- “Tha am buidheann air mo phàiste a bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice”
- “Tha am buidheann air sgilean Gàidhlig mo phàiste a thoirt air adhart”
- “Tha frithealadh mo phàiste aig a’ bhuidhinn seo air cur ri mo bheachd air cho cudromach ‘s a tha a’ Ghàidhlig do dh’Alba”

Bu chòir dhuibh sealltainn san iarrtas ciamar a bhios sibh a’ tional an fhiosrachaidh.

Pàrantan Corporra

Tha Bòrd na Gàidhlig air a chomharrachadh fon lagh mar Phàrant Corporra ann an Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014. Tha sin a’ ciallachadh gu bheil dleastanasan reachdail oirnn a dh’fheumas sinn a choileanadh a thaobh a bhith feuchainn ri piseach a thoirt air math nan daoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram agus a bhith cur às do chnapan-starra a tha gu tric ro na daoine sin nuair a thig e gu cothroman, agus tha sinn airson gum bi math dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram air a chur air adhart air feadh nam pròiseactan a tha a’ faotainn taic-airgid bhuan tro na sgeamaichean maoineachaidh againn. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air Pàrantan Corporra aig www.corporateparenting.org.uk agus gheibhear lethbhreac den Ro-innleachd is Plana Gníomh airson Pàrant Corporra aig Bòrd na Gàidhlig [an seo](#).

Anns an iarrtas agaibh, feumaidh sibh fiosrachadh a bharrachd a thoirt seachad ma tha am pròiseact agaibh a’ cur air dòigh tachartasan, cur-seachadan no a’ toirt chothroman do dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram.

Project monitoring and evaluation

All successful projects will be required to monitor and evaluate their project delivery and provide evidence of this in a progress report in December 2021 and final report in July 2022.

You must also collect feedback from parents of attendees relating to the following statements based upon measures in [Bòrd na Gàidhlig’s Corporate Plan 2018-23](#):

- “Attending the group has encouraged my child to use Gaelic more often at home”
- “Attending the group has enhanced my child’s Gaelic skills.”
- “Having my child attend the group has made me believe more strongly that Gaelic is important to Scotland”

Evidence should be provided in your application as to how you will collect this feedback.

Corporate Parenting

Bòrd na Gàidhlig is legally designated as a Corporate Parent in the Children and Young People (Scotland) Act 2014. This means that we have statutory duties to fulfil with regard to enhancing the wellbeing of care experienced young people and removing barriers to opportunities which this population often faces, and we encourage projects we fund to provide activities designed to promote the interests and wellbeing of care experienced young people. More information on Corporate Parenting can be found at www.corporateparenting.org.uk and a copy of Bòrd na Gàidhlig’s Corporate Parenting Strategy & Action Plan [can be downloaded here](#).

In your application, you will need to provide further information if your project provides activities or opportunities for care experienced young people.

A' cur iarrais a-steach

Bu chòir dhuibh bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig cho luath 's as urrainn ma tha ceistean agaibh mu dheidhinn an iarrais agaibh air post-d gu tabhartas@gaidhlig.scot

Tha foirmichean-iarrais ri fhaighinn ann an cruth [Word](#) agus [PDF](#).

Tha fàilte air iarritasan air an sgrìobhadh sa Ghàidhlig no sa Bheurla.

Bu chòir don sgrìobhainnean a bharrachd a leanas a bhith air an cur a-steach cuide ris an iarritas:

Riathanach

- Bun-stèidh no Meòrachan
- Aithris banca as ùire no cunntasan airson bliadhna-sgoile 2020/21
- Poileasaidh Dion Chloinne no Barantachaidh
- Liosta le Buill a' Bhùird no na Comataidh

Air moladh

- An Aithisg Bhliadhnail mu dheireadh
- Poileasaidh Gàidhlig
- Poileasaidh Co-ionannachd Chothroman

Mur eil na sgrìobhainnean a bharrachd a tha a dhìth air an cur a-steach còmhla ri iarritas, bidh an t-iarritas neo-cheadaichte agus cha tèid an iarritas a mheasadh.

Faodar tuilleadh sgrìobhainnean a thoirt dhuinn ma thogras sibh, ach cha tèid am measadh mura tèid bruidhinn orra san fhoirm-iarrais fhèin.

Bu chòir dhuibh am foirm-iarrais a chur a-steach ann am post-d gu tabhartas@gaidhlig.scot

Feumaidh iarritasan a bhith aig Bòrd na Gàidhlig **ro 3f air Dimàirt 13 Iuchar 2021**.

Submitting an application

You should talk to Bòrd na Gàidhlig as soon as possible if you have any questions about your application via email at tabhartas@gaidhlig.scot

Application forms are available to download in [Word](#) and [PDF](#) format.

Applications are welcomed written in either Gaelic or English.

The following supporting documents must be submitted along with the application on behalf of that organisation:

Essential

- Constitution or Memorandum and Articles of Association
- Either most recent bank statement or accounts for 2020/21 school year
- Child Protection or Safeguarding policy
- List of board or committee members

Recommended

- Latest annual report
- Gaelic policy
- Equal opportunities policy

Applications which do not provide the required supporting documents will be declared ineligible and will not be assessed.

Further supporting documentation can be provided at your discretion, although they will not be reviewed unless referenced directly in the application form.

The form should be submitted by email to tabhartas@gaidhlig.scot

Applications must be submitted to Bòrd na Gàidhlig no later than **3pm on Tuesday 13 July 2021**.

Cha tèid beachdachadh air iarrtasan a thig a-steach às dèidh a’ chinn-là sin ach mar as roghnach le Bòrd na Gàidhlig is Comann nam Pàrant.

Cuimhnichibh, dh’fhaodadh gun iarr Bòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaidh no soilleireachadh air a’ phròiseact bhuaibh às dèidh dhuibh iarrtas a chur a-steach.

Pròiseas measaidh iarrtasan

Gheibh a h-uile tagraiche fios bho Bòrd na Gàidhlig a’ dearbhadh gun d’ fhuair sinn an t-iarrtas aca. Mur eil sibh air fios fhaighinn taobh a-staigh dà làithean-obrach cuir fios gu Bòrd na Gàidhlig gus dearbhadh fhaighinn gun d’ fhuaras an iarrtas.

An uair sin thèid sgrùdadh a dhèanamh air iarrtasan le oifigearan Bòrd na Gàidhlig gus dearbhadh gu bheil iad leantainn riaghailtean na maoine agus a thoirt seachad fiosrachadh a tha a dhìth. Ma thathar den bheachd nach eil an iarrtas agaibh ceadaichte, thèid iarraidh oirbh seo a chur ceart taobh-a-staigh 10 làithean-obrach no gun tèid an iarrtas agaibh a dhiùltadh gun mheasadh.

An uair sin thèid sgrùdadh a dhèanamh air iarrtasan le oifigearan Bòrd na Gàidhlig agus Chomann nam Pàrant a rèir an stiùireadh-measaidh, agus bidh iad a’ moladh iarrtasan dhan Sgioba Stiùiridh airson aontachadh aig a’ choinneimh aca meadhan an Lùnastal 2021.

Thèid innse do thagraichean mu cho-dhùnidhean air an iarrtas aca aig meadhan no deireadh an Lùnastal 2021.

Tuilleadh fiosrachaidh

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun a’ mhaoin seo, cuiribh fios gu tabhartas@gaidhlig.scot no cuiribh fòn gu 01463 225454.

Gheibhear fiosrachadh mu [phrìobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoineachaidh air-loidhne](#).

Applications that are submitted after this date only be considered at the discretion of Bòrd na Gàidhlig and Comann nam Pàrant.

Please note, Bòrd na Gàidhlig may request additional information or clarification of project details after the application has been submitted.

Application review process

All applicants will receive an acknowledgment to confirm that Bòrd na Gàidhlig have received their application. If you do not receive acknowledgment within two working days please contact Bòrd na Gàidhlig to ensure the application has been received.

Bòrd na Gàidhlig officers will then screen applications to ensure they comply with the rules of the fund and have provided necessary information. If your application is deemed ineligible, you will be asked to rectify this within 10 working days or your application will be declined without assessment.

All eligible applications will be assessed by a panel of Bòrd na Gàidhlig and Comann nam Pàrant officers according to the assessment guidance, and they will recommend to Bòrd na Gàidhlig’s Senior Management Team which applications to approve at their meeting in mid-August 2021.

All applicants will be informed of the result of their application in mid-to-late August 2021.

More information

For more information about this fund, please contact Bòrd na Gàidhlig at tabhartas@gaidhlig.scot or call 01463 225454.

Privacy information [relating to our funding schemes can be found online](#).